

Air fhoillseachadh ann an 2018 le:
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
An Tosgan
Rathad Shìophoirt
Steòrnabhagh
HS1 2SD

www.storlann.co.uk
oifis@storlann.co.uk



© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig 2018

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith, gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba.

Air a chlà-bhualadh le Gomer

LAGE/ISBN: 978-1-907054-82-2



LEABHAR-LATHA
Chaluim

le Mòrag Stiùbhart

An Giblean 1940

Às dèidh mìosan de thrèanadh agus feitheamh ri falbh, tha iad ag ràdh gum bi sinn dha-rìribh a' cur feum air na gunnaichean a dh'aithghearr. Tha cuid mhath den rèisimeid againn anns an Fhraing mar-thà, ach chan eil sinn a' cluinntinn mòran le cinnt. Dh'fhalbh iadsan aig deireadh an Fhaoilich 's toiseach a' Ghearrain 's tha e coltach gun robh fuachd ann a bha nimheil. Cha chuala sinn cus mun an nàmhaid, dìreach mun aimsir. Ach, tha a h-uile fathann a th' ann ag ràdh nach eil cùisean ach dorcha dhan arm againne. Ge-tà feumaidh sinn ar dleastanas a dhèanamh às leth nan teaghlaichean a dh'fhàg sinn. Tha mi gan ionndrainn gu mòr, ach cha b' urrainn dhaibh a bhith ann an àite na bu shàbhailte.

Cha do sgrìobh mi thuca bho dh'fhàg sinn an campa ann an Siorrachd Pheairt 's a thàinig sinn a Shasainn. Chan eil adhbhar innse dhaibh gu bheil mi a' dol dhan Fhraing. Bidh uallach gu leòr orra 's chan eil mi airson an còrr eagail a chur orra. 'S fheàrr a bhith dòchasach. Fuirichidh mi gus a bheil deagh naidheachd agam dhaibh. Cò aig tha fios nach bi mi air ais aig an taigh ro dheireadh na bliadhna?

An Giblean 1940

Tha an t-oifigear a tha os ar cionn den bheachd gu bheil mi a' sgrìobhadh dhachaigh a h-uile turas a chì e peansail is pàipear nam làimh. Tha e cho math nach eil Gàidhlig aige oir chan eil cead againn a bhith a' cumail leabhar-latha, air eagal 's gum faigheadh an nàmhaid grèim air. Cha bu chòir dhomh a bhith magail, ach 's cinnteach gu bheil Gàidhlig nan Gearmailteach a cheart cho cearbach ri Gàidhlig an oifigeir. Tha pàipear is peansailean gu leòr mun cuairt co-dhiù, agus tha grunnan shaighdearan nach eil a' cur feum air a h-aon seach h-aon. Tha Bioball agam ann am bogsa beag agus tha mi a' cumail nam pìosan pàipeir còmhla ris a' Bhìoball.

An Giblean 1940

Mura b' e an cianalas, cha mhòr nach canainn gu bheil an trèanadh a tha seo a' còrdadh rium. Tha fios a'm gun atharraich sin nuair a dh'fheumas sinn a dhol a shabaid, ach an-dràsta tha companaich mhath agam, chan eil adhbhar a bhith a' gearan mu bhiadh neo mun fhuachd agus bha mi riamh math le gunna. 'S iomadh sgarbh agus lach a thug mi dhachaigh anns an eathar aon uair 's gun do sheall m' athair dhomh mar a làimhsichinn an gunna aige.

An Giblean 1940

Tha e coltach gu bheil sinn a' dol dhan Fhraing agus às a sin dhan Bheilg. Chan eil iad fada bho chèile. Chan e gu bheil cus foghlaim agamsa nuair a thig e gu eòlas air dùthchannan an t-saoghail ach chaidh mapaichean a shealltainn dhuinn.

Bha mi riamh comasach air sgrìobhadh ge-tà. Chan eil mi buileach cinnteach cò as a thàinig sin, taobh mo mhàthar saoilidh mi. Bhiodh ise daonnan a' sgrìobhadh litrichean do dhaoine air an eilean nach robh air chomas iad fhèin. Còmhla ris a' Bhìoball bha leabhraichean san taigh againne, rud nach robh aig mòran nuair a bha mise a' fàs suas.

Tha min dòchas gun tig mi às beò ach mur h-e sin a tha an dàn dhomh, tha min dòchas gun toir cuideigin na bileagan seo dha mo theaghlach agus gun leugh cuideigin iad. Mas e 's nach fhaic mi a-rithist iad, dh'iarrainn gum biodh fios aig mo bhean Criosaidh agus mo dhithis chloinne, Mòrag Anna agus Mìcheal, mu na thachair dhomh agus tuigse bhith aca nach deach iad às mo chuimhne.

An Cèitean 1940

Chuala mi balach òg a' rànaich tron oidhche. Tha coltas air cuid dhe na tha seo nach eil iad ach a-mach às an sgoil. Tha amharas agam gu bheil duine neo dithis air breug innse mun aois aca. 'S ann orrasan as motha a tha an t-atharrachadh air tighinn. Bha iad cho bragail, 's làn misneachd an toiseach. Bha iad cho cinnteach gun robh iad a' dèanamh an rud cheart, gun sgiùrsadh iad an nàmhaid air ais dhan dùthaich fhèin 's gum biodh sinne uile air ais aig an taigh an ceann bliadhna. Nach robh mi fhìn den aon bheachd.

Tha daoine a' fàs cruaidh ach tha coibhneas an seo fhathast. Tha fir a' cuideachadh a chèile cho math 's as urrainn dhaibh.

An Cèitean 1940

Chan eil nàire orm innse gun robh eagal mo bheatha orm an-dè. Airson a' chiad uair, cha robh smachd againn air rud sam bith. Bha mo chompanaich a' tuiteam marbh air gach taobh. Ciamar neo carson a chaidh mise a shàbhaladh, aig sealbh fhèin tha fios. Theich sinn air ais nas fhaide an turas seo. Tha sinn a' faighinn fois airson greiseag den oidhche, gun fhios aig duine againn dè bhios romhainn a-màireach.

An Cèitean 1940

Tha fios nach tachair a leithid seo gu sìorraidh tuilleadh. Chan urrainn dhomh gun a bhith a' smaoinichadh air Micheal beag agam fhìn nam b' e 's gun tigeadh cogadh a ghairm 's esan ochd bliadhn' deug. Tha fios gun ionnsaich sinn ciall an turas seo. Nach iomadh turas a chuala mi gur e an Cogadh Mòr an cogadh mu dheireadh a chitheadh sinn. An Cogadh a chuir às dha na ceudan mhilltean le Micheal, bràthair Criosaidh agam fhìn, nam measg. Cha mhòr feum a rinn e, 's feachdan na Roinn Eòrpa air ais an seo sa pholl agus san uisge a' marbhadh a chèile a-rithist.

An Cèitean 1940

Tha an t-eagal ga mo ghlacadh fhathast ach
chan e an aon eagal a tha ann. A-nise tha mi
dha-riribh eagalach nach fhaic mi mo bhean 's mo
theaghlach gu bràth tuilleadh. Tha mo mhisneachd
gus m' fhàgail.

Chan eil mi a' faicinn ach gòraiche, amaideas
agus call beatha.

'S carson?

Nuair dhùineas mi mo shùilean
's a dh'aindeoin fuaim a' bhlàir
'S ann ort a bhios mi a' smaoinichadh
's a' cuimhneachadh, a ghràidh
'S ged 's fada bhua an-dràsta mi,
's tu 's adhbhar dha mo dhàn.

An teaghlach is an dachaigh, saoil
am faic mi sibh gu bràth
'S e m' ghuidhe agus m' ùrnaigh
a h-uile oidhche is là
Gum bi an sgrios seo seachad
's gum faigh mi thugaibh slàn.

A'm brудар thill mi 's choisich mi
am machair rèidh 's am bàgh
Nochd rium aodainn nàbaidhean,
càirdean 's fàilte bhlàth
Ach sgaoil an aisling 's mhùcht' an gair',
na àite èigh a' bhàis.

Chan eil ach aon dlùth charaid agam air fhàgail ged a tha sinn uile a' coimhead às dèidh a chèile. Riamh bhon a chuidich mi Eanraig gus èirigh às a' pholl 's eagal air gun robh a chas briste, tha e air a bhith ri mo thaobh. Cha deach a chas a bhristeadh, dìreach car na adhbrann a tha an ìre mhath air a dhol am feabhas. Tha e rud beag cuagach fhathast 's mar sin bidh mise a' cumail mo shùil a-mach air a shon-san cuideachd.

Tha e mun aon aois rium fhìn ach a-mach bhon sin chan eil cus coimeas eadarainn. Chan eil esan pòsta. 'S ann do dhaoine mòr a bhuineas e agus chaidh e gu sgoil spaideil. Gun teagamh, bha eòlas aige air gunnaichean mus tàinig e dhan Fhraing ach 's ann a' sealg cearc-fhraoich airson spòrs a bu trice a bhiodh e. Cha robh a phàrantan airson 's gun rachadh e gu bhith na shaighdear àbhaisteach ach gun trèanadh e na oifigear. Cha do dh'èist e agus theich e. 'S e Eanraig a tha aige air fhèin, sealbh tha fios an e sin an t-ainm ceart aige.

An Cèitean 1940

'S e duine spòrsail a tha ann an Eanraig.
Uaireannan bidh mi a' smaoinichadh nach eil
e buileach glic leis a' ghàireachdaich a bhios air.
Ach, canaidh e fhèin gur e sin an aon dòigh as
urrainn dha a bhith beò.

Tha e math, math air atharrais 's togaidh e
dualchainnt ann an diog. Bruidhnidh e iomadh
cànan ged nach eil Gàidhlig nam measg, ach tha
e airson 's gun ionnsaich mi beagan fhaclan dha.
Mar nach robh an còrr agamsa ri dhèanamh.

Chaidh e do sgoil leòmach ann an Dùn
Èideann far a bheil a phàrantan fhathast
a' fuireach.

Dh'inns mi dha gun robh mi a' cumail leabhar-
latha agus tha deagh fhios agam nach inns e
orm.

An t-Ògmhios 1940

Saoilidh mi nach eil cus spèis aig na h-oifigearan againn dhan fheadhainn a tha os an cionn, an fheadhainn a tha san riaghaltas agus nan suidhe gu cofhurtail ri taobh an teintean fhèin.

Tha rudeigin nach eil ceart. Chan eil sinn ach air ais 's air adhart, a' sabaid 's a' teicheadh 's an uair sin às dèidh greis a' toirt ionnsaigh eile. Tha sinn a' call shaighdearan a h-uile latha. Chan eil am fuaim a' stad ach greiseagan beaga air an oidhche. Urchairean, plèanaichean, tancaichean, spreadhaidhean, èigheach agus rànaich.

An t-Ògmhios 1940

Tha sinn a' feuchainn ri maill a chur air na Gearmailtich le bhith a' bristeadh dhrochaidean a tha a' dol tarsainn air an Somme. Nach tric a chuala mi mu dheidhinn, agus an t-uabhas a thachair an sin anns a' Chiad Chogadh. 'S beag for a bha agam ag èisteachd ri athair Criosaidh gum faicinn an Somme gu bràth, gun ghuth air a bhith fodha gu m' achlaisean ann an uisge fuar na h-aibhne.

An t-Ògmhios 1940

Tha an t-side car caochlaideach ged as e an samhradh a tha ann. An cois bruthainn an latha thig na tàirneanaich, 's às dèidh sin an t-uisge as uabhasaiche. Chan e meall mar a dh'aithnicheas sinne e, ach dòrtadh. Gun teagamh cha mhair e fada, ach bidh sinn uile bog fiuch às a dhèidh.

Ged a bhiodh tu fuar, chan eil agad ach còta mòr a chur ort neo plaide a shuaineadh mu do chom. Ach tha an t-uisge seo a' drùdhadh tron aodach. Saoilidh mi fiù 's gu bheil e a' dol trom chraiceann.

Tha am Bioball agam a-nise ann am pùidse dìonach, còmhla ris na bileagan pàipeir, na peansailean 's na litrichean agam.

Tha sinn cho taingeil airson nam parsailean a thig bho àm gu àm. Bidh litrichean annta ged nach d' fhuair sinn mòran o chionn ghoirid. Tha mi fhìn taingeil airson siabann, stocainnean tiugh agus tuilleadh pàipeir airson sgrìobhadh.

An t-Ògmhios 1940

Cha sgrìobh mi mòran a-nochd. Chaidh a mholadh dhuinn uile litir a sgrìobhadh dhachaigh. Tha eagal orm gur dòcha nach e comharra math a tha ann, ach rinn mi sin.

A Chrìosaidh ghràdhach

Cha chreideadh tu mar a tha mi gur n-ionndrainn uile, gu h-àraidh nuair a gheibh mi beagan fois agus ùine smaoinichaidh. Mura b' e thu fhèin 's a' chlann, cha bhiodh adhbhar dhomh latha eile a chur seachad anns an uabhas seo.

Chan urrainn dhomh innse dhut far a bheil mi fù 's ged a bhiodh cead agam, oir chan eil mi fhìn cinnteach dè an dearbh àite a tha ann.

Tha sinn uile sgìth às dèidh ùine mhòr a' strì ri iomadh cruadal, ach tha mi fhathast beò.

Tha biadh againn ged nach eil e ach cearbach. 'S e bhiodh math an-dràsta ach truinnsair mòr buntàta is sgadan.

Chaill mi caraidean agus bha sin doirbh, ach chan eil cus ùine againn airson caoidh. Tha companaich mhath agam fhathast ge-tà, agus tha dòchas againn nach mair seo mòran nas fhaide 's gum faigh sinn uile dhachaigh a dh'aithghearr.

Tha min dòchas gu bheil a h-uile duine gu math 's gu bheil thu fhèin agus d' athair a' faighinn cuideachadh le obair na croite. Tha e duilich gu bheil Micheal cho beag, ach cuiridh mi geall gu bheil Mòrag Anna èasgaidh.

Tha fios agam gum bi sibh ag ùrnaigh air mo shon, mar a bhios mise a' guidhe nach bi fada gus am faic mi sibh pèin, an dachaigh agus an t-eilean. Mo bheannachdan 's mo ghaol chun an teaghlaich air fad.

An t-Ògmhios 1940

Do chèile

Calum

Tha cùisean air atharrachadh. 'S dòcha gum bi mi nas fhaisge air an dachaigh a-màireach. Tha e coltach gu bheil againn ri tarraing air ais nas fhaide agus dèanamh air cladaichean na Frainge, gu bheil bàtaichean a' tighinn gar n-iarraidh airson ar n-aiseag air ais a Shasainn. Chan fhaigh sinn cadal a-nochd 's grunn mhiltean againn ri choiseachd fhathast. Tha cuid ag ràdh gu bheil sinn air an ruaig, gu bheil sinn a' teicheadh 's gu bheil an fheadhainn a tha os ar cionn ro ghealtach airson ionnsaigh chruaidh a thoirt air an nàmhaid. Chan eil sinn gu feum do dhuine sam bith ma thèid ar marbhadh.

An t-Ògmhios 1940

Thachair an rud a bu mhiosa riamh. Chaidh ar cuartachadh le na feachdan Gearmailteach. Chaidh a ràdh ruinn nach robh dòigh againn air faighinn às, gun rachadh a h-uile duine againn a mharbhadh 's gun fheumadh na h-oifigearan gèilleadh. Tha sinn a-nise mar chaoraich aca air ar cròthadh còmhla, a' feitheamh cead gluasad. Tha Eanraig ag ràdh gur e ceannard nam feachdan Gearmailteach saighdear cho comasach sa chruthaicheadh – Rommel a tha aige air fhèin. Comasach agus seòlta a rèir coltais. Thug e an car às na h-oifigearan againn co-dhiù. Thàinig iad car mu chnoc oirnn le na tancaichean aca 's bhrùth iad sinn a-staigh gu baile beag faisg air a' chladach.

An t-Ògmhios 1940

Tha e coltach nach d' fhuair duine dhe na saighdearan againn air ais dhachaigh. Ghlas na Gearmailtich an cladach le na tancaichean aca. Bha ceò tiugh ann 's cha robh bàtaichean taic ann mar a chaidh a ghealltainn. Cha dhìochuimhnich mi ainm a' bhaile seo cho fad 's as beò mi. Tha an Fhraingis aig Eanraig còir glè mhath 's tha an dòigh anns an do dh'abair esan Saint Valery En Caux gu math eadar-dhealaichte bhon dòigh anns an do dh'fhuaimnich mise e rium fhìn. 'S cinnteach gur e port beag breàgha a bha ann uaireigin, ach cha robh cus dheth air fhàgail mus robh na Gearmailtich 's sinn fhìn deiseil ann. Bha truas agam ri muinntir an àite 's iad gar coimhead a' coiseachd a-mach às a' bhaile nar ceudan, mar dròbh bheathaichean le cìobairean aig gach ceann. Chaidh innse dhuinn gun robh sinn nar prìosanaich agus gur ann an campa Gearmailteach a chuireas sinn seachad an còrr dhen chogadh.

An t-Ògmhios 1940

Choisich sinn fad an latha an-diugh. Tha mi a' sgrìobhadh seo gun fhiosta dha na Gearmailtich a tha gar gearòd, agus mus dorchnaich i buileach.

Dh'atharraich an aimsir. An-diugh bha i cho teth 's gun robh cuid dhe na balaich gus a dhol ann an laigse – eadar sgìths, blàths agus pathadh. Bha muinntir nam bailtean beag air an deach sinn seachad a' cur a-mach pheilichean uisge dhuinn, ach bha cuid de na saighdearan gam breabadh air falbh 's a' dòrtadh an uisge mus fhaigheadh duine againne thuige. Chan eil mi a' tuigsinn carson a tha iad cho borb – nach eil sinn fo ghrèim aca?

Bha pumpaichean uisge ann cuideachd – ri oir an rathaid, 's chaidh agam fhìn 's aig Eanraig air ar clogaidean a lionadh turas neo dhà. Bha an t-uisge fuar, math. Stad sinn ann an achadh airson beagan fois tron latha 's thòisich saighdear Gearmailteach a' caith pìosan arain thugainn à cùl làraidh, dìreach mar gum b' e beathaichean a bha annainn.

“Chan urrainn dhòmhsa cur suas ris a seo,” thuirt Eanraig. “A' chiad chothrom a gheibh sinn, tha sinn a' dol a theicheadh! Fhad 's a tha neart againn 's sinn air chomas. Fàsaidh sinn nas laige a h-uile latha a bhios sinn a' coiseachd, agus an ceann beagan làithean cha bhi lùths annainn a ruitheas air falbh.”

An t-Ògmhios 1940

Thàinig an cothrom air sgàth 's gun do thuit fear dhe na truaghain againne ann an laigse air an rathad mhòr. Thuit an uair sin duine neo dithis eile seachad air a bhodhaig agus bha ùpraid gun chiall ann. Thàinig geàrd air ais a dh'fhaighinn a-mach dè bha ceàrr agus thòisich e a' breabadh a' ghille bhochd a bha na shineadh. Chuir sin an fhearg air aon de na companaich aig a' ghille agus phut e an Gearmailteach. Chaidh an gnothach buileach ma sgaoil an uair sin, agus thàinig grunn d gheàird eile a dh'fhaicinn dè idir a bha ceàrr.

Anns an dearbh mhionaid a bha na geàird sin air an cuartachadh le na balaich againne, 's aire a h-uile duine air a tharraing chun na h-ùpraid, shlaod Eanraig mise air mhuilchinn agus chaidh an dithis againn air ar tarsainn ann an dig dhomhainn ri taobh an rathaid. Roilig sinn ri bruthach agus lorg sinn lag a bha mòr gu leòr dhan dithis againn, ach nach fhaicear bhon rathad. Chrùb sinn an sin fad uair a thìde co-dhiù ged a bha e na bu choltaichte ri uairean an uaireadair. Bha an t-àite air a dhol sàmhach a bharrachd air gun cluinneadh sinn plèanaichean ag itealaich gu h-àrd anns an adhar. Liùg sinn a-mach 's cha robh sgeul air an treubh.

Lean mise Eanraig 's coltas air gun robh beachd aige an taobh a b' fheàrr dhuinn a dhol. Bha abhainn bheag goirid a' sruthadh dhan lag

An t-Ògmhios 1940

agus bha cuilc a' fàs mun cuairt oirre. Chan fhaiceadh sinne an treubh de phrìosanaich neo na Gearmailtich. Thòisich sinn air ais bhon taobh a thàinig sinn. Cha do bhruidhinn sinn ri chèile gus an robh sinn air a bhith a' crùbadh agus a' coiseachd fad trì uairean a thìde.

“Cha mhothaich iad gun do chaill iad dithis am measg na bha siud,” thuirt Eanraig, “’s gu dearbha cha tig iad air ar tòir.”

Chan e na Gearmailtich ris an do chuir sinn cùl a bu mhotha a bha cur an eagail ormsa ach na mìltean a bha gu bhith romhainn air an t-slighe.

An t-Ògmhios 1940

Tha mi a' sgrìobhadh seo 's an dithis againn am falach ann an lobhta sabhal Frangach. Tha mo dhuilleagan 's mo Bhioball fhathast tioram, agus tha peansail neo dhà agam 's sgian-lùthaidh ma dh'fheumas mi gob a chur orra.

A' chiad rud a dh'fheumadh sinn a dhèanamh 's e èideadh an t-saighdeir a chall agus a thiodhlacadh cho math 's a b' urrainn dhuinn. Mus do rinn sinn sin, chaidh Eanraig gu dàn suas gu ròp-anairt agus thug e leis dà bhriogais agus dà lèine a bha bean an tuathanaich bhochd air a chrochadh a-mach anmoch air an fheasgar. Bhiodh dùil aice gum biodh iad tioram ro mhadainn, agus 's iadsan a bha sin, air mo dhruim 's mo chasan fhìn agus air mo charaid. Chan fhaic an tuathanach a chuid aodaich tuilleadh.

Fhuair sinn seacaid is currac crochte ann an sabhal agus bonaid eile a dh'fhàg iasgair às a dhèidh ri taobh abhainn. Feumaidh an aon sheacaid a' chùis a dhèanamh gus an lorg sinn a leithid eile.

An t-Ògmhios 1940

Tha sinn air a bhith gu math acrach, 's gun againn nuair a theich sinn ach pìosan arain. Tha sinn air currain is snèipean agus lusan annasach eile nach aithnich mise a thoirt à gàrraidhean. Tha iad glè bhlasta ged a tha iad amh. “Ithidh an t-acras rud sam bith,” a chanadh mo mhàthair. Tha mathas gu leòr ann an uighean amh cuideachd. Saoilidh mi nach robh cus eòlais aig Eanraig air uighean amh ron seo. Thug mi drèan agus gàire gu aodann nuair a dh'inns mi dha gum biodh na seann iasgairean ag ithe uighean faoileig.

Chan eil e a' còrdadh rium a bhith a' goid o dhaoine aig a bheil cho beag, ach 's e fìor èiginn a tha a' toirt oirnn.

An t-Ògmhios 1940

Tha sinn a' cadal tron latha, mar as trice ann an achaidhean feòir neo seann togalaichean. Tha gu leòr dhiubh sin ann, agus tha an fheadhainn sa bheil connlach gu h-àraidh a' còrdadh ruinn. Thèid sinn am falach ann agus cumaidh e blàth sinn.

Tha sinn a' coiseachd tron oidhche, a' seachnadh meadhan bhailtean 's a' cumail ri rathaidean cùil far a bheil feur àrd is coilltean. Thèid againn air a dhol am falach ann an cabhaig.

Tha sinn air tancaichean a chluinntinn agus fhaicinn pìos bhuiann ach cha tàinig iad faisg oirnn. 'S fheudar gu bheil sinn a' coiseachd air falbh bhon t-sabaid.

Saoil ciamar a tha na truaghain a chaidh a thoirt an grèim? Bidh mi a' faireachdainn ciontach a' smaoinichadh orra, gun d' fhuair sinne teicheadh 's nach d' fhuair iadsan. Saoil cia mheud aca a tha beò?

Bidh mi a' faireachdainn a cheart cho ciontach mun teaghlach. Tha mi a' creidsinn nach eil fiù 's fios aca dè thachair dhomh. An deach innse dhaibh gu bheil mi marbh neo nam phrìosanach? Cha bhi fios aig an rèisimeid fhèin càit a bheil sinn a-nise.

An t-Ògmhios 1940

Gu fortanach tha beachd aig Eanraig càit a bheil sinn an-diugh fhèin, 's tha mi a' tuigsinn a-nise gu bheil e fileanta gu leòr ann am Fraingis airson toirt a chreidsinn air cuid co-dhiù gum boin e dhan dùthaich. Dh'fhuirich mise air iomall baile beag an-diugh fhad 's a chaidh esan air chuairt feuch dè cho sàbhailte 's a bha e. Nuair a thill e, bha lof mhòr arain aige agus caob de chàise. “Ghabh cailleach truas rium,” thuirt e. “Thuirt mi rithe gun robh clann agam a bha acrach cuideachd!”

Chan eil e an dùil gu bheil muinntir an àite seo ro mheasail air na Gearmailtich agus gum b' fheàrr dhuinn cumail oirnn.

An t-Ògmhios 1940

Cha mhòr nach deach ar glacadh an-diugh.
Bha sgioba de shaighdearan – mu shianar
aca – ann an carbad. Bha Eanraig air a dhol a
bhruidhinn ri boireannach aig taigh tuathanais.
Bha dithis chloinne a’ ruith mun cuairt oirre. Bha
mise ga leantainn nuair a chuala sinn an carbad.
Dh’aithnich ise sa bhad gur e saighdearan
Gearmailteach a bhiodh ann agus gun robh a
h-uile coltas nach cuireadh iad fàilte chòir oirne.
Chomharraich i bothag bheag do dh’Eanraig.
Bhrùth an dithis againn na broinn. Gu fortanach
cha robh cearc neo tunnag innte aig an àm ged
a bha coltas is fàileadh gun robh gu leòr aca
a’ cadal innte.

Chuala sinn am boireannach a’ bruidhinn ri
na Gearmailtich. Leis an fhìrinn bha a h-uile
dùil agamsa ri sròin fear dhiubh ann an doras
na bothaig, ach bha còir agam a bhith na
b’ earbsaiche. Cha do bhrath i sinn ’s cha mhotha
na sin a bhrath a’ chlann bheag sinn. Nuair
a fhuair sinn fios gun robh e sàbhailte tighinn
a-mach, thug an t-àileadh a bha bhon dithis
againn gàire air a’ chloinn.

Ann an ùine nach robh fada bha bean an
taighe air aodach eile a thoirt dhuinn agus air
cothrom a thoirt dhuinn sinn fhìn a nighe. Thug i

An t-Ògmhios 1940

dhuinn barrachd bìdh 's a bhiodh aca fhèin, tha min amharas, agus sheall i dhuinn far an robh an sabhal aca. Sin na gaisgich cogaidh agad – boireannaich agus clann bheag a bha deònach am beatha fhèin a thoirt suas airson coigrich a shàbhaladh.

Mar a thuirte Eanraig, cha bhiodh na Gearmailtich mionaid a' cur peileir ann am fear neo tè sam bith a chuidicheadh ar leithid-ne.

An t-Ògmhios 1940

Bhon àite-falaich againn, tha sinn a' faicinn barrachd dhaoine a' coiseachd air na frith-rathaidean. Tha iad coltach ri fògarraich, 's cuid aca a' putadh bharaichean làn stuth, mar aodach. Chunnaic mi feadhainn eile a' putadh seann phram, le cruach àrd de stuth na bhroinn agus clann bheag a' coiseachd ri thaobh.

Nuair a chì mi clann, bidh mi a' smaoinichadh air Mòrag Anna agus Micheal. Saoil ciamar a tha iad? A bheil iad gam ionndrainn? Tha fios gum bi, ach tha iad air an deagh choimhead às an dèidh.

Chan iarradh iad màthair na b' fheàrr agus cumaidh seanair an inntinn air falbh bho chogadh.

An t-Ògmhios 1940

Chan eil sinn ach mu leth-cheud mìle bho bhaile mòr Pharis a rèir Eanraig. Tha sinn air a bhith a' coiseachd co-dhiù deich mìle san latha.

Ach tha sinn a' cluinntinn mòran a bharrachd phlèanaichean gu h-àrd fhad 's a tha sinn am falach tron latha, agus air an oidhche chì sinn lasadh dearg san iarmailt gu iomadh taobh. Uaireannan tha e mar gum biodh sinn air ar cuartachadh le teine mòr.

Tha Eanraig cinnteach gum faigh sinn dhachaigh ma gheibh sinn cho fada ri Paris. Tha e air a bhith 'g innse dhomh mu na saor-làithean air an deach a theaghlach dhan bhaile agus mu na caraidean a bha aca ann. Tha e cinnteach gum bi iad an sin fhathast agus gum bi iad deònach ar cuideachadh.

Thuige seo, tha sinn air a bhith fortanach nach deach ar glacadh ach dè cho fad' 's a mhaireas sin.

Nuair a bhios mi ann an deagh shunnd, tha e a' faireachdainn mar gur e geama, seòrsa de fhalach-fead a th' ann. Geama làn chunnartan ge-tà.

An t-Ògmhios 1940

Chan urrainn dhomh a chreidsinn gu bheil sinn fhathast beò. Chan eil sinn fada bhon bhaile, ach tha e follaiseach gu bheil na Gearmailtich ann romhainn.

Tha an dithis againn sgìth às dèidh astar gun chiall a ruith 's a choiseachd a-raoir.

Feumadh an sgeulachd sin fuireach gu màireach.

An t-Ògmhios 1940

Tha sinn a' gabhail greis ma seach a' fuireach nar dùisg. Fhad 's a tha mo chluas ri claisneachd, faodaidh mi sgrìobhadh.

Gu mo sgeulachd. Lorg Eanraig teaghlach taiceil ann am baile nach eil ach mu dheich mìle bho iomall Pharis. “Tha earbsa agam annta,” thuir e. “Tha iad cho gràineach air na Gearmailtich. Tha iad deònach leigeil leinn fuireach san t-seada aca agus beagan fois a ghabhail mus dèan sinn air Paris feasgar a-màireach.”

Chaidh mi còmhla ris agus rug fear an taighe air làimh orm. Bha dithis chloinne a' cluich cuide ri cat beag caol, 's bha bean an taighe a' nighe aodaichean ann an tuba. Nochd fireannach eile an uair sin agus bha e follaiseach gun robh iad anns na càirdean. Bha mise balbh mar a b' àbhaist 's gun mi ach a' coimhead mun cuairt orra uile a' cabadaich ri Eanraig ann am Fraingis agus a' gàireachdaich. Ach bha rudeigin a' dèanamh dragh dhomh.

“Chan eil ann ach faireachdainn,” thuir mi ri Eanraig aon uair 's gun do dh'fhàg fear an taighe sinn anns an t-seada. “Ach chan eil seo ceart. Chan eil mi a' smaoinichadh gum bu chòir dhuinn fuireach an seo.”

An t-Ògmhios 1940

Cha b' ann tric a bhiodh Eanraig a' gearan, ach bha an dithis againn sgìth. “Thu fhèin is d' fhaireachdainn,” thuirt e. “Tha sinn feumach air fois.”

“Chan eil mise a' dol a dh'fhuireach,” thuirt mi 's rinn mi air an doras.

Rinn esan osna mhòr. “Tha thusa air earbsa a chur annamsa, a Chaluum, 's tha an t-àm agamsa earbsa a chur annadsa.”

Gun fhiosta do dhuine thog sinn leinn am biadh a bha sinn air fhaighinn agus rinn sinn ar slighe tro achadh anns an robh flùraichean mòra, brèagha, buidhe a' fàs nan ceudan. Bha an rathad mòr goirid dhan achadh, ach bha na lusan seo cho àrd 's gur ann air èiginn a chitheadh sinn os an cionn. Chuala sinn na carbadan 's dh'aithnicheadh sinn gun robh làraidh nam measg. 'S e latha soilleir a bh' ann gun deò gaoithe. Chluinneadh sinn an èigheach agus an uair sin chluinneadh sinn coin a' comhartaich.

“Siud am faireachadh agad,” thuirt Eanraig. “Thugainn.”

An t-Ògmhios 1940

Ruith sinn tron achadh sin 's tro iomadh achadh eile gus an do lorg sinn abhainn bheag. Ghrunnaich sinn thairis oirre an dòchas, ma bha na coin air ar tòir, gun cailleadh iad am fàileadh againn air sgàth an uisge.

Às a sin lorg sinn coille bheag, ach chùm sinn oirnn a' coiseachd gus nach cluinneadh sinn fuaim sam bith ach fuaim nam plèanaichean os ar cionn.

Chladhaich sinn sinn fhìn a-steach do bhad phreasan agus cha tuirt a h-aon againn smid gus an do dhorchnaich i.

“Tha deagh charaid dha m’ athair na mhinistear ann am Paris,” thuirt Eanraig. “Mura faigh sinn fasnadh ann an eaglais, chan fhaigh sinn fasnadh an àite sam bith. Ìleach a tha ann, ach bha e fhèin is m’ athair còmhla san oilthigh ann an Dùn Èideann agus bha e greis na mhinistear sa bhaile cuideachd nuair a bha sinn fhìn a’ fuireach an sin. Ghluais e gu Eaglais na h-Alba ann am Paris o chionn còig bliadhna. Bha mi fhèin ann am Paris airson greis o chionn trì bliadhna, ’s bhithinn a’ tadhal air a’ mhansa.”

Cha robh latha nach robh Eanraig a’ cur iongnadh orm.

Nach ann dhòmhsa a rug an cat an cuilean an latha a chuidich mi e sa bhlàr.

An t-Ògmhios 1940

Bha sràidean Pharis làn shaighdearan Gearmailteach, a' mhòr-chuid aca a' siubhal ann an làraidhean is càraichean. Bha tancaichean ann an àite iongantach air an tug Eanraig an Champs-Élysées. Cha do thàrr sinn ach sùil aithghearr 's cabhag oirnn chun na h-eaglais, a bha faisg air làimh.

Bha Eanraig cho eòlach air na cùl-sràidean. 'S math an t-eòlas a chuir e air a' bhaile seo fhad 's a bha e ann.

Ràinig sinn an eaglais. Smaoinich mi an uair sin air an ùine bhon a bha mi air a bhith am broinn eaglais ged a bhithinn ag ùrnaigh a h-uile h-oidhche.

An t-Ògmhios 1940

Tha mì fhìn is mo charaid aig crois-rathaid.
Chan urrainn dhuinn a dhol air ais, ach dè an
t-slighe air adhart?

Tha sinn a' cur seachad na h-oidhche a-nochd
anns an Eaglais Albannaich ann am Paris.
Gu fortanach dhuinne fhuair sinn a-steach na
broinn nuair a mhothaich caraid Frangach
dhan mhinistear dhuinn. 'S cinnteach gun robh
adhbhar aige a bhith amharasach mur deidhinn
a' liùgadh mun cuairt, ach 's e sàr Chrìosdaidh a
tha ann.

Dh'inns esan dhuinn an sgeulachd aig an
duine a bha Eanraig cho cinnteach a bheireadh
dhuinn fàsghadh.

Latha neo dhà mus b' fheudar dhuinne ar
gunnaichean a chur sìos ann an St. Valery, bha
am ministear Dòmhnall Caskie a' fàgail Pharis
's a' dèanamh air ceann a deas na Frainge. Bha
a bheatha fhèin ann an cunnart agus b' e seo an
aon dòigh air am faigheadh e air ais sàbhailte
a dh'Alba. Bha dùil aige bàta fhaighinn bho
aon de na puirt mus gabhadh na Gearmailtich
thairis an dùthaich gu lèir.

An t-Ògmhios 1940

Leis a sin, tha roghainn neo dhà agam fhìn 's aig Eanraig.

Faodaidh sinn fuireach far a bheil sinn, am falach, agus a bhith an dòchas nach tèid ar glacadh gus am faigh sinn cuideachadh neo gus an tig an cogadh gu crìch.

Faodaidh sinn slighe Dhòmhnail Caskie a leantainn gu Deas agus faighinn gu port Frangach, agus a bhith an dòchas gum faigh sinn air bàta le sgiobair càirdeil.

Faodaidh sinn a dhol fiù 's nas fhaide gu deas agus ionnsaigh a thoirt air beanntan mòra nam Pyrenees. Bheireadh sin sinn dhan Spàinn far am faigheadh sinn, 's dòcha, cuideachadh gus faighinn dhachaigh.

Caidlidh sinn an-dràsta agus nì sinn co-dhùnadh sa mhadainn.

Aig an àm seo, tha faireachadh agam a-rithist, ach faireachadh math an turas seo. Saoilidh mi gum faic mi mo theaghlach priseil a-rithist.

Tha sinn air tighinn cho fada seo còmhla. Ge bith dè thachras, tha fios agam nach robh, 's nach bi, gu sìorraidh caraid nas fheàrr san t-saoghal na Eanraig. Mas e sin dha-rìribh an t-ainm ceart aige.

Mun ùghdar: Mòrag Stiùbhart

Buinidh Mòrag Stiùbhart do Ghriomasaigh ach tha i air a bhith a' fuireach san Eilean Sgitheanach còrr is 30 bliadhna. Tha i air grunnan leabhraichean chloinne a sgrìobhadh thar nam bliadhnaichean, An Cuilean Ròn, An Leabhar-là agus An Cleòca Gorm nam measg. Bidh i cuideachd a' cur tionndadh Gàidhlig air stuth chloinne is òigridh, gu h-àraidh leabhraichean mar Bioran agus cartùnaichean mar Donnie Murdo.

Bho 1978 tha i air a bhith an sàs ann an obair sna meadhanan, gu h-àraidh rèidio is telebhisean, a' sgrìobhadh, a' rannsachadh 's a' riochdachadh. Tron chompanaidh neo-eisimeileach Sealladh, chruthaich i sreathan òigridh mar Gleusta.

Tha ùidh mhòr aice ann a bhith a' teagasg sgilean meadhanan is conaltraidh do dh'òigridh ann an sgoiltean agus aig ìre BA ann an Sabhal Mòr Ostaig.